

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle Inbhir Chluaidh gus sgìre-foghlaim a stèidheachadh airson solar àrd-sgoile Gàidhlig ann an Acadamaidh Inbhir Chluaidh.

An t-Samhain 2023

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh a rèir cumhaichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). 'S e adhbhar na h-aithisge seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle Inbhir Chluaidh gus sgìre-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Àrd-sgoile Meadhan na Gàidhlig ann an Acadamaidh Inbhir Chluaidh. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-co-chomhairleachaidh. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a’ mholadh. Aon uair 's gum faigh iad an aithisg seo, tha an Achd ag òrdachadh gum feum a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca ullachadh. Bu chòir an aithisg seo a bhith an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an dèanamh a’ mholaidh dheireannaich, a rinn iad ath-sgrùdadh air a’ chiad mholadh, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingeann a chaidh a thogail sa phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

na buaidhean a tha e coltach a bhiodh aig a’ mholadh air clann agus daoine òga sna sgoiltean; air luchd-cleachdaidh sam bith eile; air clann as dòcha a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus air clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;

- buaidhean eile a tha e coltach a bhiodh aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bho chur an gnìomh a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisge seo, rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhachdan a leanas:

- làthaireachd aig a’ choinneimh phoblaich bhiortail a chaidh a chumail air 1 Samhain 2023 mu dheidhinn molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- tursan gu Bun-sgoil Chnoc a’ Chonaisg agus Acadamaidh Inbhir Chluaidh, a’ gabhail a-steach conaltradh ri luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh.

2. Pròiseas co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle Inbhir Chluaidh co-chomhairleachadh air a’ mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 2 Dàmhair 2021 gu 10 Samhain 2023. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu raon farsaing de luchd-ùidhe. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-com-pàirt freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh reachdail le litir no gu dealanach.

Dh'ullaich a' chomhairle suirbhidh, agus fhuaradh ochd freagairtean air ais. Dh'aontaich a' mhòr-chuid (87.5%) ris a' mholadh sgìre-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Dh'aontaich iad cuideachd leis a' mholadh gum bu chòir do raon an ùghdarras ionadail air fad a bhith mar an sgìre-foghlaim. Bha a' mhòr-chuid (75%) ag aontachadh gum bu chòir do chlann còmhaidh an-asgaidh fhaighinn ma tha iad a' fuireach ann an Inbhir Chluaidh ach nas fhaide air falbh na dà mhìle bhon sgoil.

2.3 Chùm a' chomhairle dà choinneimh phoblach air 25 Dàmhair 2023 agus 1 Samhain 2023 gus barrachd co-chomhairleachaidh a dhèanamh mun mholadh. Bha aon neach an làthair airson na coinneimh air 25 Dàmhair 2023. Bha iadsan a bha an làthair aig na coinneamhan a' toirt taic do chruthachadh sgìre-foghlaim airson Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig.

2.4 Chuir Bòrd na Gàidhlig freagairt a-steach don cho-chomhairleachadh agus chuir iad fàilte air a' mholadh. Tha am moladh a' toirt taic do Chomhairle Inbhir Chluaidh ann a bhith a' dèiligeadh ri riatanasan san Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig (2017) gus sgìrean-foghlaim a stèidheachadh. Bidh seo a' leigeil le teaghlachan ann an Comhairle Inbhir Chluaidh cothrom fhaighinn air solar gu h-ionadail agus gun tagradh a dhèanamh tron t-siostam airson àiteachan a ghlèidheadh. Tha comas ann cuideachd airson a bhith a' togail a' bhun-structair a bhios a dhìth gus am faodar na h-aon seirbheisean a thairgse do luchd-còmhaidh Inbhir Chluaidh 's a tha rim faotainn ann an ùghdarrasan ionadail eile.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Dh'aontaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh leis na buannachdan foghlaim a dh'ainmicheadh sa mholadh. Ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh comhairle bho àrd-stiùirichean, luchd-obrach, pàrantan agus clann gus beachdan a thional agus gus bruidhinn mu na buannachdan foghlaim a dh'fhaodadh tighinn bhon mholadh. Fhuair sinn taic làidir airson na sgìre-foghlaim a thathar a' moladh. Tha clann, pàrantan agus luchd-obrach sgoile a' cur fàilte air a' mholadh. Tha pàrantan a' faireachdainn gu bheil an comas aig a' mholadh na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh tron Ghàidhlig a mheudachadh. Bha an luchd-ùidhe deimhinneach a thaobh còmhaidh an-asgaidh dhaibhsan a tha a' fuireach nas fhaide air falbh na dà mìle air slighe coiseachd iomchaidh. Tha am moladh, ma thèid aontachadh ris, a' leasachadh cothrom ionadail air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig ìre na àrd-sgoile. Bhiodh e a' toirt beagan leantainneachd ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig do chlann is daoine òga bho trì gu 18 taobh a-staigh Inbhir Chluaidh, agus bhiodh e a' toirt air falbh a' mhì-chinnt a dh'fhaodadh a bhith ann bhon fheum airson tagradh a dhèanamh gus àite a ghlèidheadh. Bhiodh am moladh a' toirt soilleireachd, leis na h-aon sgìrean-foghlaim air an stèidheachadh airson Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha solar cuideachd sa bhun-sgoil airson Sgoil-àraich (solar tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne), airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha pàrantan a' cur sùim san sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg a chaidh a stèidheachadh mar-thà. Tha iad a' faicinn a' mholaidh mar adhartas nàdarra, leis gur e Acadamaidh Inbhir Chluaidh an àrd-sgoil a tha co-cheangailte ri Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg mar-thà. Tha pàrantan ag aithneachadh gum biodh am moladh a' lùghdachadh chnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith a' bacadh dhaoine bho chumail orra a' faighinn cothrom air Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha iad seo a' gabhail a-steach beachdachadh ionmhasail agus àm siubhal fada gus cothrom fhaighinn air solar taobh a-muigh sgìre Inbhir Chluaidh. Fhad 's a tha pàrantan a' cur fàilte air an dealas do dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha am moladh a' nochdadh, tha beagan iomagainean orra cuideachd mu bhith a' gabhail ri solar nach eil air a stèidheachadh fhathast. Tha pàrantan cuideachd ag aithneachadh gum biodh am moladh a' tighinn an àite a' chothruim a thathar a' faighinn air sgoil Ghàidhlig a-mhàin, leis a' bhuidh air fileantachd agus buileachadh a thig an cois sin. Bidh e cudromach gun cùm Comhairle Inbhir Chluaidh orra ag obair le luchd-ùidhe uile ann an leasachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an

Acadamaidh Inbhir Chluaidh. Tha clann a' cur fàilte air na buannachdan a thig bho ghluasad gu àrd-sgoil leis an comhaoisean agus air na h-amannan siubhal lùghdaichte. Tha iad a' faireachdainn gum biodh seo a' leigeil leatha ùine mheudaichte airson nan comann an dèidh sgoile agus gnìomhachdan eile.

3.2 Dh'fhaighnich a' chomhairle ceist san aithisg co-chomhairleachaidh a thaobh am bu chòir gum bithear a' solarachadh còmh-dhail airson daoine òga a tha a' fuireach ann an Inbhir Chluaidh ach nas fhaide na dà mhìle air falbh bhon sgoil air slighe coiseachd iomchaidh. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' moladh gum bithear a' làimhseachadh dhaoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig le cothromas agus co-ionannachd agus gum bi cothrom aca air còmh-dhail an-asgaidh, taobh a-staigh stiùireadh Riaghaltas na h-Alba.

3.3 Tha am moladh, ma thèid aontachadh ris, a' toirt taic do Chomhairle Inbhir Chluaidh le bhith a' cur air adhart na Gàidhlig, agus bidh e gan cuideachadh gus amasan a' Phlana Ghàidhlig aca a choileanadh. Taobh a-staigh Acadamaidh Inbhir Chluaidh, tha sùim mhòr, agus spèis, ga cur air diofar chànanan. Tha dealas ann mun mholadh airson Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig a sholarachadh airson daoine òga Inbhir Chluaidh. Tha luchd-obrach agus daoine òga a' cur fàilte air na cothroman a dh'fhaodadh tighinn an lùib seo, a' gabhail a-steach gum faod iad fhèin beachdachadh air an cànan ionnsachadh.

4. Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' coileanadh nan dleasan reachdail aca ann a bhith a' stèidheachadh sgìre-foghlaim airson Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha cha mhòr a h-uile neach-ùidhe ris an do choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' toirt taic don mholadh agus ag aithneachadh mar a dh'fhaodadh e na buannachdan foghlaim a thig bho Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a neartachadh. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buannachdan foghlaim a thoirt gu buil. Aig ìre na bun-sgoile ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha pròis mhòr aig clann, an teaghlaichean agus luchd-obrach ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig agus tha iad ag aithneachadh cho cudromach 's a tha dà-chànanachas. Tha comas aig a' mholadh coimhearsnachd na Gàidhlig san sgìre Inbhir Chluaidh a neartachadh barrachd. Anns na sgoiltean a tha an sàs sa mholadh, an dà chuid aig ìre bun-sgoile agus ìre àrd-sgoile, tha meas ga chur air a' chànan agus tha dealas ann airson barrachd leasachaidh a thoirt air solar. Bu chòir do Chomhairle Inbhir Chluaidh cumail orra ag obair leis an luchd-ùidhe uile gus tairgse curraicealaim de shàr-chàileachd a thogail, a tha air a libhrigeadh ann an àrainneachdan bogaidh a bhios a' togail air ionnsachadh na cloinne aig ìre na bun-sgoile. Bu chòir don chomhairle na dùilean a chuireadh an cèill san Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017 a choileanadh gus buannachdan foghlaim bhon mholadh a thoirt gu bàrr.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An t-Samhain 2023